



Sònrachadh Cùrsa
Àrd-ìre Adhartach



Cruinn-eòlas Àrd Ìre Adhartach Sònrachadh Cùrsa

Bho Lùnastal 2015

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA:www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Cruinn-eòlas Àrd Ìre Adhartach

SCQF: ìre 7 (32 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: ri thighinn

Aonadan Riatanach

Sgilean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)
Cùisean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)
Measadh Cùrsa

16 puingeann creideis SCQF
8 puingeann creideis SCQF
8 puingeann creideis SCQF

Tha ochd puingeann creideis SCQF sa Chùrsa seo gus ùine a bharrachd a cheadachadh airson ullachadh mu choinneamh measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhach luach-leasaichte a' Chùrsa. Tha fiosrachadh a bharrachd mu mheasadh a' Chùrsa ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air sgilean, eòlas agus tuigse fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre
- ◆ Cùrsa Saidheans na h-Àrainneachd Àrd Ìre

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe adhartais gu:

- ◆ cùrsaichean ceum ann an cuspairean sòisealta agus saidheans no raointean co-cheangailte ri seo
- ◆ HNC ann an cuspairean sòisealta agus saidheans no raointean co-cheangailte ri seo
- ◆ raon eadar-dhealaichte de dhreuchdan

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson ùidh phearsanta agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na

h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson a' chuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus do bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tro bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas agus tro bhith a' faighinn dhòighean air sgrùdadh cruinn-eòlais a dhèanamh, gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse air cùisean ann an saoghal an latha an-diugh a tha nan uallach do shaoranaich gu lèir. Tha luchd-ionnsachaidh

a' faighinn cothrom na ceithir comasachdan a leasachadh. Thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus bidh dùbhlán romhpa coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun fhèin-aithne agus ag ionnsachadh mu dhùthchannan agus chultaran eadar-dhealaichte. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus de thuigse air cruinn-eòlas leis an tuig iad cùisean àrainneachd chruinneil agus leis an toir iad freagairt dhaibh; cuidichidh seo iad gus a bhith mothachail air saoranachd earbsach.

Bheir na sgilean sgrùdaidh, rannsachaidh, breithneachaidh agus luachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith ag obair air an ceann fhèin fhad 's a tha iad cuideachd a' cur ri obair-buidhne. Gheibh luchd-ionnsachaidh sgilean agus comasan air a bheil Àrd-ionadan Foghlaim a' cur mòr-luach, a ghabhas cleachdadh ann an cuspairean eile, agus a tha cudromach airson am beatha agus an obair.

Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse air an àrainneachd, seasmhachd agus buaidh chùisean cruinneil. Leasaichidh iad mothachadh air saoranachd chùramach agus thèid am brosnachadh gus cnuasachadh air buaidh na h-àrainneachd air an slàinte agus an sunnd fhèin agus air cuid dhaoine eile tro obair-rannsachaidh a-muigh, a' dèanamh cho-dhùnaidhean, luachadh breithneachail agus a bhith a' cleachdadh modhan-obrach cruinn-eòlais saidheansail a chuireas neart ris an obair aca.

Cuidichidh an nàdar practaigeach, ioma-chuspaireil agus saidheansail aig Cruinn-eòlas ann a bhith a' leasachadh sgilean cudromach a ghabhas cleachdadh ann an cuspairean eile. Leis gu bheil cuideam air luachadh breithneachail air beachdan agus stòran fiosrachaidh, nam measg mapaichean, thèid sgilean smaoineachaidh aig inbhe nas àirde a leasachadh. Mean air mhean leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann an litearrachd le bhith

a' sgrìobhadh aithisgean agus aistean agus sgilean ann an àireamhachd tro bhith a' cruinneachadh agus a' pròiseasadh dàta, agus a' cleachdadh modhan-obrach staitistigs agus siostamam fiosrachaidh cruinn-eòlais (GIS).

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'S e adhbhar Cruinn-eòlais tuigse luchd-ionnsachaidh a leasachadh mun t-saoghal againn 's e ag atharrachadh, agus mu na pròiseasan daonna agus fiosaigeach aige. Bidh cothroman air obair phractaigeach, a' gabhail a-steach obair a-muigh, nam pàirtean riatanach den Chùrsa seo, gus am faigh an luchd-ionnsachaidh cothrom a bhith ag eadar-obrachadh ris an àrainneachd. Aig an Àrd Ìre Adhartach, gheibh an luchd-ionnsachaidh eòlas domhainn is dùbhlach bhon ìre de sgilean nas àirde, de eòlas agus de thuigse a tha riatanach.

Tha na co-theacsaichean airson sgrùdadh ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta agus cruinneil. Tha Cruinn-eòlas a' cur nan saidheansan sòisealta agus nàdarra gu feum: mar sin tha ionnsachadh eadar-chuspaireil bunaiteach ann an sgrùdadh cruinn-eòlais agus tha seo a' brosnachadh cheanglaichean ri cuspairean eile.

San 21mh linn, agus mothachadh mu bhuidh obair dhaonna air an àrainneachd 's air stòrasan tearc a' sìor fhàs, tha a bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas a' brosnachadh seasamh dòigheil fad-bheatha a thaobh stiùbhardachd na h-àrainneachd, seasmhachd agus saoranachd chruinneil. Bheir an Cùrsa seo an t-eòlas agus na sgilean do luchd-ionnsachaidh a leigeas leotha a dhol an sàs gu h-èifeachdach ann an cùisean dùbhlach sna coimhearsnachdan aca fhèin agus sa chomann-shòisealta fharsaing.

'S iad prìomh amasan a' Chùrsa seo gum bi luchd-ionnsachaidh comasach air:

- ◆ na dòighean a thuigsinn anns am bi daoine agus an àrainneachd ag eadar-obrachadh mar fhreagairt do phròiseasan fiosaigeach agus daonna
- ◆ dàimhean spàsail a sgrùdadh gus tuigse chothromach agus breithneachail air saoghal a tha ag atharrachadh a leasachadh.
- ◆ sealladh cruinn-eòlais a bharrachd fhaighinn air cùisean àrainneachd agus sòisealta agus cho cudromach 's a tha iad
- ◆ leasachadh sgilean de rannsachadh neo-eisimileach, obair-rannsachaidh a-muigh, anailis, co-chur, luachadh agus taisbeanadh
- ◆ dòighean fhaighinn gus iongantasan cruinn-eòlais a chruinneachadh, a thogail às, a mhion-sgrùdadh, eadar-mhìneachadh agus a mhìneachadh, a' cleachdadh briathrachas iomchaidh
- ◆ ealantas a leasachadh ann a bhith a' cleachdadh mhapaichean, diagraman, dòighean staitistigs agus cunntasan sgrìobhte

Cuidichidh an Cùrsa seo ann a bhith a' cruthachadh shaoranach fiosrach agus dèanadach as urrainn teicneòlas an latha a chleachdadh. Nì e seo le bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na pròiseasan daonna agus fiosaigeach aig a bheil buaidh air an àrainneachd aca agus le bhith a'

brosnachadh sgrùdadh saidheansail ann a bhith a' cruinneachadh agus ag eadar-mhìneachadh dàta.

Leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean àrd-ìre sgilean a ghabhas an cleachdadh ann an raointean eile de rannsachadh agus a chleachdas iad nam beatha làitheil. Nì luchd-ionnsachaidh rannsachadh neo-eisimeileach agus gabhaidh iad uallach airson an ionnsachaidh fhèin ach le taic bhon tidsear/òraidiche/oide/co-aiosean mar a bhios iomchaidh.

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson mòran luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag iarraidh tuigse nas fheàrr fhaighinn air an àrainneachd agus air an àite aca fhèin innte, cho math ri luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas spèisealaichte no gu foghlam adhartach no cosnadh.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh e na bhuannachd do neach-ionnsachaidh a tha a' sgrùdadh Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd Ìre no Cùrsa Saidheans Àrainneachdail Àrd Ìre no teisteanasan co-ionann.

Bidh na sgilean sònraichte cruinn-eòlais, rannsachaidh agus taisbeanaidh a thathar

a' leasachadh tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo agus am modh-obrach coitcheann a thaobh obair neo-eisimeileach, fèin-bhrosnachadh agus iomairt fa leth feumail dhan luchd-ionnsachaidh mar a bhios iad a' dol air adhart gu àrd fhoghlam agus saoghal na h-obrach.

Tha an Cùrsa Àrd Ìre Adhartach Cruinn-eòlas air aithneachadh mar theisteanas intrigidh airson cosnadh, trèanadh, foghlam adhartach agus àrd-fhoghlam. Faodaidh prògraman buntainneach aig ìre ceum a bhith a' gabhail a-steach saidheans, geòlas agus saidheans sòisealta. Tha an Cùrsa seo, leis an raon fharsaing de sgilean a ghabhas an cleachdadh ann an suidheachaidhean eile, ag ullachadh dhaoine airson raon fharsaing de dh'obraichean agus dhreuchdan, leithid planadh baile agus còmhhdail, obair sgrùdaidh clàraichte, lùth ath-nuadhachail, rianachd fearainn agus uisge, co-chomhairleachadh, leasachadh, turasachd, glèidhteachas, eòlas-sluaigh, taigheadas agus sochair sòisealta.

Tro bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail, thèid sgilean cudromach airson ionnsachadh, beatha agus obair a leasachadh. Tha na sgilean sin a' gabhail a-steach an comas a bhith a' dèanamh obair-rannsachaidh a-muigh/rannsachadh neo-eisimeileach, cleachdadh, eadar-mhìneachadh, measadh agus co-chur air fiosrachadh bho raon de stòran. Bidh an comas a bhith a' cleachdadh raon de mhapaichean, dòighean staitistigeach agus obair-rannsachaidh a-muigh gus eadar-mhìneachadh, mìneachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air cùisean cruinn-eòlais air a leasachadh cuideachd.

Leasaichidh luchd-ionnsachaidh cuideachd an sgilean ann an raon de shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlais bunaiteach tro ICT no dòighean eile.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Cruinn-eòlais gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu SCQF ìre 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Cruinn-eòlais agus tarsainn gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an eòlas sòisealta agus cuid de Chùrsaichean saidheans.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil agus cruinn-eòlais. Brosnaichidh e ionnsachadh gnìomhach, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ann a bhith a' leasachadh eòlas agus tuigse air cùisean cruinn-eòlais.

Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach agus ionnsaichidh iad mar a chleachdas iad sgilean ann an rannsachadh, sgrùdadh agus luachadh, aig ìre iomchaidh, gus cùisean cruinn-eòlais a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Tha trì Aonadan riatanach sa Chùrsa Cruinn-eòlais. Anns gach Aonad tha sùbailteachd a thaobh cho-theacsaichean a dh'fhaodar a sgrùdadh gus ùidh phearsanta agus roghainn a cheadachadh. Bidh an cuspair seasmhachd a' ruith tron Chùrsa.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh raon farsaing de sgilean cudromach a ghabhas an cleachdadh ann an suidheachaidhean eile, a' gabhail a-steach comas a bhith a' dèanamh obair-rannsachaidh a-muigh/rannsachadh, cleachdadh, eadar-mhìneachadh, mìneachadh agus sgrùdadh air fiosrachadh bho raon de stòran. Bidh an comas a bhith a' cleachdadh raon de mhapaichean, dòighean staitistigeach agus obair-rannsachaidh a-muigh gus eadar-mhìneachadh, mìneachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air cùisean cruinn-eòlais air a leasachadh cuideachd.

Gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh air grunn shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlais tro ICT no dòighean eile.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadh tarsainn air co-theacsaichean sna h-Aonadan a leanas.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Sgilean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh raon de mhodhan-obrach agus de dhòighean cruinn-eòlais a' gabhail a-steach sgilean mapaidh, dòighean grafaigeach agus raon de dhòighean staitistigeach airson mion-sgrùdadh agus eadar-mhìneachadh a dhèanamh air dàta cruinn-eòlais. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh raon de sgilean rannsachaidh fhad 's a bhios iad a' dèanamh rannsachadh neo-eisimeileach leithid sgopadh no a' comharrachadh chuspairean iomchaidh airson an rannsachadh; mar a phlanas agus a stiùireas iad prògram iom-fhillte de rannsachadh; dòighean gus lorg, stòradh agus clàradh bun-fhiosrachaidh agus fiosrachadh leasaichte iomchaidh agus earbsach; modhan airson obair-rannsachaidh a-muigh neo-eisimeileach a dhèanamh; dòighean gus na thèid fhaighinn a-mach a thaisbeanadh a' cleachdadh ghnàthasan iomchaidh; agus mar a thèid modh-obrach a luachadh.

Cùisean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh comas breithneachaidh agus an comas a bhith a luachadh stòran agus bheachdan mu chùisean an-dràsta ann an cruinn-eòlas.

Cumhachan coileanaidh

Gus teisteanas a' Chùrsa a choileanadh, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan gu lèir a phasaigeadh cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa. Bidh am measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a rangachadh ann an teisteanas a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhach:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh tòrr sgilean agus dòighean mapaidh ann an co-theacsaichean iom-fhillte cruinn-eòlais.
- ◆ a' cleachdadh tòrr sgilean agus dhòighean àireamhach agus grafaigeach ann an co-theacsaichean cruinn-eòlais.
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh tòrr dhòighean staitistigeach.
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas agus tuigse air briathrachas, beachdan agus siostaman cruinn-eòlais, a' cleachdadh fiosrachadh iom-fhillte gus mìneachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air cùisean cruinn-eòlais.
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse gus sgrùdadh a dhèanamh air raon de dh'fhianais iom-fhillte mu chruinn-eòlas.
- ◆ a' cleachdadh teicneòlas an latha an-diugh gus sgilean, eòlas agus tuigse adhartachadh.
- ◆ a' leasachadh eòlas agus tuigse air àrainneachdan fiosaigeach agus daonna.

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Bheir seo seachad am mion-fhiosrachadh gu lèir, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

Measadh Aonaid

Tha measadh ga dhèanamh taobh a-staigh an ionaid air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh air an taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Sgilean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ eòlas agus cleachdadh air raon de mhodhan agus dhòighean-obrach a thaobh obair-rannsachaidh a-muigh; eòlas mu, agus cleachdadh air, modh staitistigeach; fiosrachadh cruinn-eòlais ullachadh.
- ◆ eòlas agus tuigse mu na co-theacsaichean san gabh na sgilean cruinn-eòlais sin a bhith air an cleachdadh.
- ◆ an comas rannsachadh neo-eisimeileach a dhèanamh air cùisean cruinn-eòlais iom-fhillte.

Cùisean Cruinn-eòlais (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ a' cleachdadh fianais bho raon de stòran a' buntainn ri cùisean cruinn-eòlais iom-fhillte an latha an-diugh.
- ◆ cunntasan, mìneachaidhean agus sgrùdadh a' sealltainn eòlas agus tuigse air cùisean iom-fhillte cruinn-eòlais.

Measadh Cùrsa

Tha measadh air [luach-leasaichte](#)¹ ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd Ìre Adhartach thèid an luach-leasaichte a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cleachdadh.

Ann an Cùrsa Cruinn-eòlas Àrd-ìre, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air:

- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

¹Gheibhear mìneachaidhean an seo: www.sqa.org.uk/sqa/58409.html

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh an t-eòlas agus na sgilean a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le [pàipear-cheistean](#)² agus [pròiseact](#)³. Iarraidh am pàipear-cheistean gun seall iad farsaingeachd de sgilean, eòlas agus tuigse thar a' Chùrsa. Iarraidh am pròiseact gun leudaich agus gun cleachd luchd-ionnsachaidh an t-eòlas agus na sgilean aca, agus bidh e fosgailte gu leòr gus ùidh phearsanta agus roghainn a cheadachadh.

²Gheibhear mìneachaidhean an seo: www.sqa.org.uk/sqa/58409.html

³Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a thatar a' sùileachadh a leasaicheas luchd-ionnsachaidh tron Chùrsa stèidhichte air *Frèam Sgilean: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* le SQA agus air an toirt bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhisge a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' dèanamh anailis agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann am *Frèam Sgilean: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin iomchaidh airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Fiosrachadh Rianachd

Foillsichte: Giblean 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ughdarraichte le	Deit

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA:www.sqa.org.uk.

Nota: Thatar a' moladh gun coimhead sibh air làrach-lìn SQA(www.sqa.org.uk) a dhèanamh cinnteach gur e an dreach às ùire den t-Sònrachadh Cùrsa a tha sibh a' cleachdadh.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013